

# AG ADHARTACHADH IS A' DÌON

A thuilleadh air a bhith a' toirt taic don Bhànrigh le a dleastasan rìoghail is ag obair mar neach-tionnsgain charthannach, tha Prionnsa na Cuimrigh ag adhartachadh is a' dìon dualchasan, subhailcean is òirdheirceas seasmhach na dùthcha. Am measg nithean eile, tha an obair a' toirt a-steach taic do choimhearsnachdan tireil Bhreatainn, ag adhartachadh co-fhulangas is tuigse nas fheàrr eadar creideamhan is coimhearsnachdan eadar-dhealaichte, agus a' comharrachadh euchdan no gnothaichean, nach fhaigheadh, 's dòcha, mòran aire às aonais a thaic.

## A' TOGAIL CHEISTEAN

Rè na bliadhna mu dheireadh, tha Prionnsa na Cuimrigh a-rithist air a bhith ag adhartachadh is a' dìon nan nithean as fheàrr am Breatainn. Bidh seo gu math tric a' ciallachadh saothrachadh gu pearsanta a' luathachadh atharrachadh, a' togail deasbad no a' toirt nithean a bh' air an cur air chùl am follais, mar as trice tro choinneamhan, cho-labhairtean is thachartasan, tro chonaltradh is choinneamhan prìbheiteach, is tro òraidean, artaigilean is riochdachaidhean air prògraman telebhisein is rèidio.

### Euchd is Seirbheis

A h-uile bliadhna tha A Mhòrachd Rìoghail a' cumail thachartasan airson toirt gu aire euchdan is tabhartasan gu beatha nàiseanta air nach deigheadh aithne a chur is nach deigheadh fhoillseachadh. Mar eisimpleir, san Ògmhios 2004, chùm Am Prionnsa cuirm aig Highgrove dha còrr is 120 fireannach is boireannach a bh' air a bhith ag obair dha seirbheis Oifisean-Puist Rìoghail Siubhail (TPOs). Airson faisg air 170 bliadhna bha na TPOs air seirbheis a thoirt dha Breatainn le bhith a' rèiteachadh air trànaichean oidhche a' giùlain post fad-astair gu an cinn-uidhe, agus nuair a dhùin Am Post Rìoghail an t-seirbheis san Fhaoilleach 2004 rinn A Mhòrachd Rìoghail inntinn an-àirde cuireadh a thoirt dha riochdairean sgiobannan TPO a thighinn gu a dhachaigh airson taing a thoirt dhaibh airson na rinn iad tro na bliadhnaichean.

Bha mòran de bhuill nan sgiobannan air post a rèiteach còmhla airson còrr air 20 bliadhna, tric a' fuireach air falbh bhon dachaigh airson oidhcheannan agus a' cruthachadh dlùth chàirdeas. A' toirt òraid seachad a' moladh an luchd-obrach, thuir Am Prionnsa gun robh e cudthromach crìoch nan TPOs a chomharrachadh. Thuir e, "Bu mhath leam mo dhùrachdan is meal an naidheachd fhoillseachadh airson obair air a choileanadh do-chreidsinneach math agus airson am post a chumail a' dol."

Ann an suidheachadh co-chosmhail, san Iuchar, chùm A Mhòrachd Rìoghail cuirm ann an Clarence House, dha còrr air 100 dràibhear thacsaidh ann an Lunnainn son taing a thoirt dhaibh airson an cuid obrach, gu h-àraidh às leth mòran charthannasan agus airson na chuir iad ri beatha sa Phrìomh-bhaile. Ron chuir bha Am Prionnsa air a bhith aig cupan tì is crac còmhla ri dràibhearann thacsaidh ann an aon de fhasgaidhean fiodha ainmeil Bhictorianach a' bhaile. An dèidh a thì chaidh a thoirt air ais gu Clarence House airson na cuirme, far na dh'inns A Mhòrachd Rìoghail dha aoighean mun bhuaidh a thug iad air le bhith ag ràdh, "Tha sibh cho tric mar nàdar de aidmheilear dhan h-uile seòrsa duine. Feumaidh gu bheil sibh a' dèanamh feum mhòr dha slàinte shaidhgeolasach dhaoine."

'S e buidheann eile de dhaoine a tha toirt seirbheis luachmhor neo-aithnichte dhan dùthaich na seirbhisich-stàite ris a bheil smachd in-imreachais an urra, dreuchd a th'air a thighinn fo sgrùdadh leudaichte o chionn ghoirid. An-uiridh bha Am Prionnsa airson taing a thoirt dhan fheadhainn a bha ag obair san dreuchd seo agus san t-Samhain thadhail e air a' Bhuidhinn-Stiùiridh In-imriche Nàiseantachd aig Oifis na Dùthcha ann an Liverpool son coinneachadh ris an luchd-obrach a tha, gach latha, a' dèiligeadh ri iomadh iartas airson fuireach fad an t-siubhail ann am Breatainn.

Rè a thurais chaidh Am Prionnsa tron roinn, a' bruidhinn ri luchd-obrach a dh'inns dha mu na bha iad a' dèanamh is mu dhùbhlann na h-obrach aca. Choinnich e cuideachd ri luchd-obrach a bha gan dhoìn fhèin air tairginn cuideachadh a thoirt le Prògram Sgioba Urras a' Phrionnsa a thuilleadh air iomairtean coimhearsnachd eile. B' ann rè an aon turais a Lunnainn a chaidh Am Prionnsa gun 100mh cuirm chuimhneachaidh aig Barton's Pickles ann an St Helens, Mersyside a bha faisg air làimh. B' e adhbhar an turais urram a thoirt do cheud bliadhna de shàrachd sheasmhach - sa chùis seo, sgil is gnothachas co-cheangailte ri bhith a' dèanamh picil, sabhs is chutney. B' e an seòrsa turais a nì Am Prionnsa iomadh uair sa bhliadhna, agus tha e a' sealltainn cho cudthromach 's a tha e a bhith a' cur urram air soirbheachadh ionadail a th' air a choileanadh air ùrlar nàiseanta (is gu tric eadar-nàiseanta) is air dualchas is leantainneachd.

An-diugh tha Bartons fo stiùireadh a' cheathraimh ginealaich den aon theaghlach. Mar a thuir Am Prionnsa nuair a bhruidhinn e ri luchd-obrach a' chompanaidh: "Tha Bartons a' riochdachadh mòran de na nithean as fheàrr ann an gnothachasan beaga san dùthaich. Tha iad a' tabhann na h-iomadachd is a' bhrìgh sgìreil a tha cho cudthromach ma tha sinn airson aon-ghnèitheachd, sa h-uile seagh, a sheachnadh."

### Coimhearsnachdan Sgìreil

Na thuathanach e fhèin, tha faireachdainn làidir aig A' Prionnsa mun dùthaich ann am Breatainn agus mu mhath an fheadhainn a tha a' fuireach is ag obair oirre. Tha e riatanach gun tèid roinn fhallain àiteachais a ghleidheadh, chan ann a-mhàin air sgàth 's gu bheil an dealbh-tìreil an urra ri eòlas cruinnichte coimhearsnachdan tuathanais airson a mhaoireachd leantainneachd ach cuideachd seach gu bheil gnè caidreamhach na dùthcha an crochadh air bunait thuathanais làidir.

Mar phàirt de rùn A Mhòrachd Rìoghail a bhith a' cuideachadh tuathanaich Bhreatainn, gu h-àraidh tuathanachasan teaghlach is bràighe, tha e a' brosnachadh tasgadh ionadail, chan ann a-mhàin bho cheannaichean is chompanaidhean-bidhe ach cuideachd bho bhuidhnean poblach leithid sgoiltean. San Iuchar 2004 thug e buidheann de dh'àrd-oifigearan ùghdarrasan ionadail, stiùirichean foghlaim agus chinn-sgoile air turas "Seeing is Believing" gu Sgoil Brimsham Green faisg air Bristol gus an cleachdadh a bhith a' dèanamh biadh-sgoile le grìtheidean ionadail a chomharrachadh.

Tha am buntàta is na currain fàs-bheairteach a tha an sgoil a' cleachdadh a' tighinn bhon Tuathanas Duchy aige fhèin air an Oighreachd Highgrove aige. Tha Comhairle Ùghdarras Ionadail Siorrachd Gloucester a Deas air a bhith ag obair bho 2001 le cleachdadh biadh fàs-bheairteach is ionadail, a tha, chan ann a-mhàin a' toirt piseach air biadh-sgoile, ach a' cuideachadh gnothachasan tuathanais ionadail agus a' lùghdachadh truailleadh àrainneachd le bhith a' gearradh sìos air uairean-siubhail airson libhrigeadh.

Stiùir A Mhòrachd Rìoghail turas "Seeing is Believing" eile sa Ghiblean 2004 nuair a thug e ceannardan gnothachasan ionadail a choinneachadh ri tuathanaich is croitearan ann an Gallaibh, mar phàirt den iomairt aige a bhith a' cuideachadh an eaconomaidh ionadail ann an aon de na ceàrnaidhean as iomallaiche de Bhreatainn. Dh'èirich an turas a-mach à sgrùdadh ann an eaconomaidh Ghallaibh le Urras Bànrigh Ealasaid Caisteil Mheidhe air a bheil Am Prionnsa na Cheann-suidhe, a dh'iarr barrachadh co-obrachaidh eadar buidhnean leasachaidh, tuathanaich ionadail is coimhearsnachd a' gnothachais.

B' e aon de mholaidhean sgrùdadh Ghallaibh bathar tuathanachasan ionadail a thoirt gu aire le bhith ag adhartachadh a' "bhrand" aithnichte roinneil, beachd a bh' air a' chlàr-gnothaich rè turas dùthchail eile nuair a shiubhail Am Prionnsa gun Phàirc Nàiseanta sa Pheak District airson iomadachd is bathar ionadail adhartachadh. Rè an turais, sa Ghearran 2005, choinnich Am Prionnsa ri tuathanaich ionadail a bha a' planadh co-chomann a stèidheachadh airson am bathar adhartachadh. B' e an smuain a bh' air cùl na h-iomairt ùir seo cuideachadh le bhith a' suidheachadh slat-thomhais dha cinneas bathair ionadail is cothrom a thoirt dha tuathanaich bhainne faighinn a-steach dha na margaidhean prothaideach ann am bailtean is am bailtean-mòra air feadh Bhreatainn, beachd dha bheil Am Prionnsa air taic a thoirt airson iomadh bliadhna.

'S e bhith toirt taigheadas ruigsinneach dha teaghlachan ann an coimhearsnachdan dùthchail, cùis dhùthchail eile airson a bheil Am Prionnsa air a bhith a' strì fad an t-siubhail agus, ann an 2004-05 chuir e air bhog dà leabhar-ùil a' toirt comhairle phractaigeach air a' chuspair dha coimhearsnachdan, is a chaidh fhoillseachadh le Affordable Rural Housing Initiative Prionnsa na Cuimrigh. 'S e Co-chomann eadar cuid de na daoine is na buidhnean as cumhachdaiche san raon seo, a' gabhail a-steach Diùc Westminster, Business in the Community, Countryside Agency agus Housing Corporation, a th' anns an iomairt a chaidh a stèidheachadh ann an 2003.

Tha Am Prionnsa den bheachd gu bheil gnothachasan, eadar gum bi iad nan uachdarain, solaraichean seirbheisean ionadail, luchd-togail thaighean no luchd-tasgaidh, ann an deagh shuidheachadh gus goireasan is eòlas airson a' chuideachaidh a bharrachd a tha a dhith ann an ceàrnaidhean dùthchail a thabhann. Na òraid bogaidh ann an Clarence House dh'ìarr A Mhòrachd Rìoghail air companaidhean, togalaichean, leithid flataichean falamh os cionn bhùithtean, a thionndadh nan dachaighean air prìsean reusanta.

O chionn ghreis tha uallach air a bhith air A' Phrionnsa mu na dòighean anns an ionnsaich tuathanaich sgilean ùra is dòighean margaidheachd airson gun tig iad nas fheàrr air iarrtasan caochlaideach na margaidh. Le seo san amharc, bha e air leth toilichte, san Dùbhlachd, coinneachadh ri tabhairtearan, luchd-saor-thoileach is daoine òga bho Seirbheisean Taic Upper Teesdale (UTASS) ann am Middleton, Siorrachd Durham. Tha prìomh oifisean an Ionaid, a bha A Mhòrachd Rìoghail a' fosgladh, a' tabhann taic is comhairle dhan choimhearsnachd dhùthchail, cothroman trèanaidh leithid clachaireachd bhalla, làimhseachadh thractar agus cùrsaichean ann an lomadh chaorach agus tha e na ionad tadhail dha daoine òga.

A thuilleadh air tursan airson iomairtean sònraichte agus cùisean leithid tasgadh ionadail, taigheadas ruigsinneach is leasachadh sgilean, a chomharrachadh, rinn Am Prionnsa mòran thursan gu àiteachan dùthchail tron dùthaich rè na bliadhna, bhon chiad turas a-riamh aige gu Fèill Rìoghail Norfolk ann an Anglia an Ear san Ògmhios 2004 gu taisbeanadh sònraichte san t-Sultain airson duais Coimhearsnachd Albannach na Bliadhna a thoirt dha Eilean Whithorn.

Sa Chuimrigh bha na h-iomairtean aige ann an 2004-05 a' gabhail a-steach turas gu Fèill Rìoghail na Cuimrigh ann an Builth Wells, greadhnachas iubalaidh òir Colaiste Àiteachas na Cuimrigh ann am Flintshire, cuirm blasadh uisge-beatha ann am Pedernyn airson ath-bheothachadh a' chiad uisge-beatha Cuimreach ann an 100 bliadhna a thoirt gu aire, agus turas gu Llansteffan, àite-breith Dylan Thomas, gus cuimhneachan na 50 bliadhna bho bhàs a' bhàird Chuimrich a chomharrachadh.

#### **IOMAIRT ATH-BHEOTHACHAIDH NA MUILT-FHEÒIL**

SAN T-SAMHAIN 2004 CHUIR AM PRIONNSA IOMAIRT ATH-BHEOTHACHAIDH NA MUILT-FHEÒIL AIR BHOG (DEAS) A BHA AG AMAS AIR TOGAIL A THOIRT DHA TUATHANAICH TEAGHLAICH GUS PRÌS MHATH FHAIGHINN AIR OTHAISGEAN NAS AOSTA NA DÀ BHLIADHNA. BHA SEO AIRSON MUILT-FHEÒIL A THOIRT AIR AIS GU BUIRD DHÌNNEARACH SGEILPEAN MÒR-BHÙTHAN IS CLÀRAN-BIDHE TRON DÙTHAICH.

BHA ÙIDH A' PHRIONNSA A' DOL AIR AIS GU 2003 IS TURAS GU TUATHANAICH ANN AN TEESDALE UACHDRACH, SIORRACHD DURHAM, A DH'INNS DHA MU NA DROCH PHRÌSEAN A BH' AIR NA H-OTHAISGEAN ACA. BLIADHNA AN DÈIDH SIN, AIG DÌNNEAR A CHÙM E DHA TUATHANAICH IS ÀRD-CHÒCAIREAN AIG HIGHGROVE THÀINIG CÒMHRADH MU MAR A GHABHADH MUILT-FHEÒIL A THOIRT A-STEACH A-RITHIST GU PLANAICHEAN AIRSON NA H-IOMAIRT.

BHO CHAIDH A CHUR AIR BHOG THA FÌOR BHUAIDH AIR A BHITH AIG IOMAIRT ATH-BHEOTHACHAIDH MUILT-FHEÒIL. THA KATHLEEN FEETHAM BHO TUATHANACHAS OAKWOOD ANN AN SHROPSHIRE AG RÀDH: "THA SINN AIR A BHITH A' REIC AR MUILT-FHEÒIL AIG MARGAIDHEAN THUATHANACH O CHIONN BLIADHNA NO DHÀ IS THA SINN, O CHIONN GHOIRID AIR ÙIDH SHÒNRAICHTE FHAICINN. THA AR MUILT-FHEÒIL A-NISE A' REIC NAS FHEÀRR." THA TIM WILSON BHO BHÙITHTEAN BHÙIDEAR GINGER PIG ANN AN LUNNAINN AG RÀDH: " O CHIONN BLIADHNA CHA ROBH SINN A' REIC ACH AON BHEATHACH SAN T-SEACHDAIN ACH THA SIN A-NIS AIR LEUM GU SEACHD BEATHAICHEAN IS CAITHEADAIREAN-BIDHE AIR FAIGHINN A-MACH CÀIT AM FAIGH IAD DEAGH MHUILT-FHEÒIL."

#### **Creideamhan is Coimhearsnachdan Eiticeil**

A h-uile bliadhna tha dlùth cheangal aig A' Phrionnsa ri Eaglais Shasainn, a' gabhail a-steach coinneamhan ri Àrd Easbaig Chanterbury agus easbaigean eile. San t-Sultain 2004, fhuair A Mhòrachd Rìoghail cuireadh bhon Àrd Easbaig bruidhinn ri buidheann de 30 easbaig Anglican aig Lùchairt Lambeth ann an Lunnainn air obair saor-thoileach is charthannais. An dèidh bruidhinn gu pearsanta air a bheachdan co-cheangailte ri carthannasan san linn nua-aimsireach, chuir A Mhòrachd Rìoghail grunn riochdairean bho na carthannasan aige fhèin air adhart gus an obair fhèin a mhìneachadh dha na h-easbaigean.

A thuilleadh air a bhith a' frithealadh seirbheis Sàbaid gu riaghailteach, bidh Am Prionnsa a' dèanamh grunn thursan gu àrd-eaglaisean is eaglaisean tron bhliadhna. Mar eisimpleir, san t-Sultain fhritheil e seirbheis ann an Àrd Eaglais Rochester ann an Kent airson a chuimhneachan-bliadhnail 1,400mh a chomharrachadh.

Fad iomadh bliadhna, tha ùidh mhòr air a bhith aig a' Prionnsa ann an Ioslam, agus anns an Ògmhios 2005 chaidh duais a thoirt dha air sgàth na h-obrach a rinn e gus tuigse na b' dheàrr a bhrosnachadh eadar an saoghal Ioslamaigeach agus 'an Iar'. B' e Turcach Mòr Bhrunàigh a thug Duais Eadar-Nàiseanta Turcach Mòr Hassanal Bolkiah dha aig tachartas ann an Lunnainn; thuit e gun robh Am Prionnsa air a bhith "gun sgios" ann a bhith a' brosnachadh dhaoine le cumhachd a bhith cumail suas is a' leudachadh conaltradh eadar Muslamaich agus 'an Iar'. Thuit an Turcach Mòr dhan Phrionnsa: "Tha na h-oidhirpean a rinn thu ag adhbharachadh gun do chùm mòran orra a dh'ionnsaigh sith, a dh'aindheoin cùisean an-dràsta."

"Tha e furasta a bhith smaoinichadh air an deichead a dh'fhalbh mar fhear anns an do dh'fhàs còmhstri, do-fhulangas agus beachdan calg-dhireach ... theireadh feadhainn gu bheil sinn air a dhol seachad air tuigse eadarainn. Riuthasan, 's ann marbh a tha còmhradh is tha feum againn air ar cultar fhèin a ghleidheadh an aghaidh a h-uile fear eile. Tha mi a' dol gu dubh nan aghaidh."

Prionnsa na Cuimrigh, 2004

A' gabhail ris an duais, agus £42,000 a thàinig mar phàirt dheth a thug e do Sgoil nan Ealan Tradisienteanta, thuit Am Prionnsa: "Tha e furasta a bhith smaoinichadh air an deichead a dh'fhalbh mar fhear anns an do dh'fhàs còmhstri, do-fhulangas agus beachdan calg-dhireach ... theireadh feadhainn gu bheil sinn air a dhol seachad air tuigse eadarainn. Riuthasan, 's ann marbh a tha còmhradh is tha feum againn air ar cultar fhèin a ghleidheadh an aghaidh a h-uile fear eile. Tha mi a' dol gu dubh nan aghaidh." Thuit Am Prionnsa gun robh e a' creidsinn gun robh feum air foghlam, tuigse agus beachdan deimhinneach gus còmhradh èifeachdach a chumail eadar an dà choimhearsnachd, agus dh' iarr e gus an rachadh na tradiseanan cumanta cho math ri eugsamhlachd an dà choimhearsnachd a mholadh gu mòr.

Thuit A Mhorachd Rìoghail an aon rud a-rithist aig tachartas ann aig Talla Rìoghail Albert ann an Lunnainn gus 400 bliadhna on a chiadh Leabhraichean Naomhail nan Sikh a leughadh an toiseach a chomharrachadh. Chaidh an tachartas a chur air digh le Network of Sikh Organisations, agus anns an òraid aige air beulaibh 5,000, thuit Am Prionnsa gun robh meas mòr ri fhaicinn anns na leabhraichean naomhail a thaobh dhaoine eile. Thuit e: "Thàinig e a-steach orm gu mòr gun robh a' mhòr chuid de na bha ann, mar eisimpleir fulangas agus meas air daoine eile, na tha mi fhìn air a bhith feuchainn ri chur an cèil fad còrr is 20 bliadhna."

Bha riochdairean ann bho iomadh creideamh is coimhearsnachd, nam measg an t-Àrd Ollamh Iudhach Dtr Jonathan Sacks, Easbaig Lunnainn Am Fìor Urramach Richard Chartres, agus Cathraiche Coimisean airson Co-ionannachd Cinnidh (CCC), Trevor Phillips. Chaidh teachdaireachd le beannachdan na Bànrigh a leughadh dhan choithional aig an tachartas.

## A NAOMHACHD AN DALAI LAMA

THA BROSNACHADH FULANGAS DE CHREIDEAMHAN IS COIMHEARSNACHDAN EILE ANN AM BREATAINN AIR A BHITH NA PHÀIRT MÒR DE OBAIR A' PHRIONNSA, AGUS ANNS A' CHÈITEAN, THUG E CUIREADH DHAN NAODHMACHD AN DALAI LAMA TIGHINN GU TAIGH CHLARENCE AIRSON CUIRM CÒMHLA RI BUILL NA COIMHEARSNACHD THIBEIT A THA FUIREACH ANN AM BREATAINN, AGUS EAGRACHAIDHEAN CEANGAILTE. B' E SEO AN TREAS TURAS A CHOINNICH AM PRIONNSA RI CEANNARD SPIORADAIL IS E AIR FÒGRADH, AGUS A MHORACHD RÌOGHAIL A' MOLADH NA THA E AIR A BHITH DÉANAMH ANN AN LORG DÓIGHEAN SÌTHEIL NA DUILGHEADASAN POILITIGEACH A THOIRT GU CRÌOCH. AIG AN TACHARTAS BHA MU 50 NEACH BHON CHOIMHEARSNACHD THIBEATANACH, AGUS ÀIREAMH DE DH'EAGRACHAIDHEAN A THA AIR A BHITH AN SÀS ANN AN TIBÈAT. BHA AM PRIONNSA AIRSON AN TACHARTAS A CHUMAIL GUS ÙIDH A NOCHDADH ANN AN COIMHEARSNACHD THIBEAT AM BREATAINN, AGUS GUS TEANSA A CHUR A THOIRT DHAN FHEADHAINN NA MEASG COINNEACHADH RIS AN DALAI LAMA. THUIT TÈ DE NA CEÒLADAIÈAN A CHLUICH AIG AN TACHARTAS GUN ROBH E AIR LETH SÒNRAICHTE AIRSON NA COIMHEARSNACHD. THUIT TSERING PASSANG, A THA A' FUIREACH ANN AN LUNNAINN, "THA TRUAS AIG A' PHRIONNSA RINN. THA MÒRAN THIBEATANAICH GU MÒR NA CHOMAIN. 'S E TACHARTAS AIR LETH A THA ANN NUAIR A THACHRAS A MHORACHD RÌOGHAIL RIS AN NAOMHACHD."